



Scottish  
Water

# 'S FHEÀRR NÀDAR GUN OLA A' RIAGHLADH UR CUID SGUDAIL

A' cuideachadh  
ghnìomhachasan cuidhteas  
fhaighinn de shail, ola, geir  
agus biadh a tha còrr mar  
bu chòir.



# DÈ AN DUILGHEADAS?

Ma thèid saill, ola, geir agus biadh a tha còrr a chur anns na drèanaichean agaibh, dh'fhaodte gun adhbharaich iad bacadh. Adhbhraichidh seo duilgheadasan dhan ghnìomhachas, do na custamairean agaibh agus dhan choimhearsnachd ionadail.

## MAR A BHIOS SEO A' TACHAIRT.

Uaireannan, tha saill, ola agus geir ann an uisge-caithte bho chidsinean coimeirsealta leithid taighean-bìdh, bùithtean a reiceas biadh ri thoirt air falbh, taighean-òsta agus taighean-seinnse, agus thèid seo do na drèanaichean is saidhbhearan. Nuair a thachras seo, fàsaidh an t-saill/ola/geir fuar, fàsaidh seo cruaidh agus steigidh e ri taobh a-staigh nam pioban. Aig a' cheann thall dh'fhaodte gun cuir an stuth cruaidh seo bacadh air pàirt den phìob, no air a' phìob air fad agus mar thoradh air sin, dh'fhaodadh nach drèanaig uisge òtrachais air falbh agus gun adhbharaich e tuil nur gniomhachas no nur coimhearsnachd.





### MAR A BHEIR SEO BUaidH OIRBH.

Tha ur gnìomhachas ann an cunnart ma bhios bacadh drèana agaibh. Am measg nan trioblaidean a tha sinn air faicinn airson gnìomhachasan den t-seòrsa agaibh tha:

- Gun robh aca ri dùnadh fhad 's a bhathar a' toirt air falbh a' bhacaidh.
- Gun do chaill iad reicean mar thoradh air a bhith a' faighinn droch chliù am measg nan custamairean.
- Tuiltean saidhbheir agus tachartasan truaillidh.

### A' DÈANAMH CINNTEACH NACH BI BACADH ANN.

Ma stiùiricheas sibh ur sgudal cidsin gu ceart is urrainn dhuibh dèanamh cinnteach nach adhbharaich ur gnìomhachas bacadh, nach adhbharaich e tuileachadh saidhbheir no truaillleadh agus nach bi obair gnìomhachaidh ann le Uisge na h-Alba fo Earrann 46 de dh'Achd Òtrachais (Alba) 1968, mar eisimpleir, a bhith agaibh ri cosgaisean a phàigheadh no casaid a bhith air a chur às ur leth.



### An robh fhios agaibh?

Bidh sinn a' lorg timcheall air 36,000 bacadh sa bhliadhna, leis a' mhòr-chuid air adhbhrachadh le daoine a' cur nan rudan ceàrr dhan t-sinc no do na drèanaichean.



# AR COMHAIRLE AS FHEÀRR

Leanaibh na molaidhean sìmplidh seo gus ur cuideachadh gus an cunnart a lùghdachadh gum bi bacadh ann a bheir buaidh air ur gnìomhachas. 'S e deagh thrèanadh a th' anna dhan luchd-obrach agaibh.

## DÈANAIBH SEO




Sgrìobaibh air falbh biadh sam bith a tha air fhàgail air truinnsèaran, poitean agus uidheamachd cidsin a-steach dhan bhiona iomchaidh mus nigh sibh iad.



Cuiribh ola is geir sam bith a tha air fhàgail ann an soitheach adhar-dhionach gus nach bi droch fhàileadh ann is gus nach tarraing e radain is luchagan.



Cuiribh air dòigh gun tèid an t-seann ola còcaireachd a tha air fhàgail a chruinneachadh le cunnradair sgudail le cead.



Cleachdaibh sìolachain ann an tuill-sìolaidh nan sincean agus falmhaich pìosan sam bith a thèid a ghlacadh anna anns a' bhiona.



Cuiribh a-steach, glanaich agus coimhead às dèidh uidheamachd sam bith a chleachdas sibh gus saill, ola agus geir sa chidsin agaibh a riaghladh.

## NA DÈANAIBH SEO



Na cuiribh ur cuid saill, ola no geir còcaireachd dhan t-sinc.



Na dòirtibh saill, ola no geir còcaireachd an an drèanaichean ùrlair no drèanaichean air an taobh a-muigh.



Na cuiribh sgrìoban bìdh dhan t-sinc. An àite sin cuiribh a-steach dhan bhiona iomchaidh e.



Na sguabaibh sgudal a-steach do dh rèanaichean ùrlair. An àite sin cuiribh a-steach dhan bhiona e.



Na dòrtaibh uisge teth no stuth-gealachaidh dhan t-sinc gus bacaidhean a thoirt air falbh, chan obraich sin.

# NA BU CHÒIR DHUIBH CLEACHDADH

A bharrachd air deagh chleachdadh sa cidsin tha farsaingeachd de dh'uidheamachd shònraichte ann a chuireas bacadh air saill, ola is geir bho bhith a' ruigsinn nam pìoban sgudail agaibh.

Bu chòir dhuibh fios a chur gu solaraiche speisealta a nì sgrùdadh làraich agus a mholas an uidheamachd cheart a tha a dhìth airson ur cidsin.



## DEALAICHEADAIR GEIR.

Thèid dealaicheadair geir a chur ann am pìoban drèanaidh gus saill, ola agus geir a thoirt às an uisge-caithte agaibh.

Bidh an sgudal a' dol a-staigh dhan dealaicheadair agus mar sin, feumaidh sibh sùil a chumail air agus a ghlanadh gu cunbhalach. Bu chòir an sgudal an uair sin a bhith air a thogail le cunnradair sgudail le ceadachas.

## INNEALAN TOIRT AIR FALBH GEIR.

Faodar Inneal Toirt air falbh Geir a chur air innealan cidsin leithid sincean, àmhainnean measgaichte agus innealan nighe-shoithichean.

Bidh iad a' toirt sail, ola agus geir às an uisge salach agaibh agus gan cur ann an soitheach gu fèin-obrachail gus am faigh sibh cuidhteas iad. Feumar am falmhachadh gach latha, agus mar sin feumaidh sibh dèanamh cinnteach gum bi seo mar phàirt den ghlanadh làitheil agaibh.



## An robh fhios agaibh?

Tha uidheamachd riaghlaidh airson geir nas èifeachdaiche ma thèid a chur a-steach gu ceart, le seirbheiseachadh agus ma tha i air a chumail suas le solaraiche speisealach. Feumaidh sibh clàr sgrìobhte a chumail de dh'obair-ghlèidhidh ma chleachdas sibh an uidheamachd seo.

# AG ATH-CHUAIRTEACHADH UR CUID OLA



Leanaibh na ceumannan gu h-ìosal gus dèanamh cinnteach gun tèid ur cuid ola sgudail a chruinneachadh is ath-chuairteachadh.

1. Cùm ola sam bith ann an soitheach adhar-dhìonach gus nach bi fàileadh ann agus gus nach tarraing e beathaichean is biastagan. Dèanaibh cinnteach gun cùm sibh e ann an àite a tha air falbh bho dhrèanaichean sam bith air eagal 's gum bi aoidion no dòrtadh ann.
2. Feumaidh an ola sgudail agaibh a bhith air a chruinneachadh le cunnradair le ceadachas agus cleachdaidh iad an ola airson connadh bith-dìosal no airson dealan a chruthachadh.
3. Bidh Buidheann Dìon Àrainneachd na h-Alba (SEPA) a' toirt ceadachasan do chunnradairan sgudail le bhith a' toirt dhaibh 'notaichean glusad sgudail'. Tha seo a' ciallachadh gu bheil cead aca ola sgudail a chruinneachadh.

Nuair a chruinnicheas iad ur cuid ola, feumaidh iad nòta a thoirt dhuibh gach turas gus dearbhadh gu bheil cead aca. Feumaidh sibh an cumail ann an àite sàbhailte oir faodaidh Oifigeir Ughdarras Ionadail iarraidh oirbh an sealltainn dhaibh fo Achd Dìon na h-Àrainneachd 1990. Mur a toir sibh seachad iad, no mura h-urrainn dhuibh an toirt seachad, dh'fhaodadh sibh fios-peanais fhaighinn no casaid a bhith air a cur às ur leth.

Lorgaibh an neach-cruinneachaidh sgudal ceadachta ionadail agaibh le bhith a' tadhal air [SEPA.org.uk](http://SEPA.org.uk)



## Bu chòir fios a bhith agaibh.

'S e a bhith a' cumail saill, ola agus geir a-mach à drèanaichean am fuasgladh as fheàrr daonna gus dèanamh cinnteach nach bi bacaidhean sna pìoban agaibh.

# CARSON A THA SIBH CUDROMACH

Faodaidh sibh eadar-dhealachadh mòr a dhèanamh air mar a làimhsicheas sibh sgudal ur cidsin. Gu h-ìosal tha dòighean ann gus ur luchd-obrach a chuideachadh gus an aon rud a dhèanamh.

## A' TRÈANADH UR LUCHD-OBACH.

Tha e cudromach gum bi fios aig a h-uile duine a tha ag obair dhuibh air an dòigh as fheàrr air sgudal bhon chidsin agaibh a riaghladh agus a lùghdachadh.

Bidh trèanadh a h-uile duine, agus an cuideachadh gus tuigsinn carson a tha e cudromach dha-rìribh gus casg a chur air bacaidhean ann an drèanaichean ur gnìomhachais agus san t-saidhbhear phoblach.

Is e deagh thoiseach tòiseachaidh a th' anns a' chomhairle as fheàrr a th' againn, ach tha e nas fheàrr buileach a bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine ga leantainn. Bidh e na chuideachadh mòr cuideachd cuimhneachain a chur timcheall air an àite obrach cuideachd, mar eisimpleir postairean.

## A' CUMAIL SINCEAN GLAN.

Bu chòir dhuibh dèanamh cinnteach gu bheil a h-uile duine a' sgrìobadh na tha air fhàgail de bhìadh a-steach do bhiona agus a' suathadh truinnsèaran, panaichean agus innealan gu tioram le rolla cidsin mus nighear iad. Is e deagh bheachd a th' ann cuideachd siolachain a chur anns na tuill-sioliadh oir glacaidh iad pìosan beaga de bhìadh a tha air fhàgail.

Gheibh sibh siolachan airson sinc ur cidsin tron mhòr-chuid de sholaraichean uidheamachd cidsin proifeasanta.





# RIAGHALADH SGUDAL BÌDH

Tha sgudal bìdh a thig bho roinn Aoigheachd na RA a' cosg, gu cuibheasach, £10,000 gach ionad gach bliadhna, a tha co-ionann ri 1 anns gach 6 truinnsair bìdh a nithear, a' dol dhan sgudal. Tha dèiligeadh ri sgudal bìdh ro-chudromach gus dèanamh cinnteach gu bheil ur cidsin seasmhach.

## GU TRIC, IS E ATHARRACHADH GIÙLAIN AGUS TRÈANADH AN DÒIGH AS BUADHMHOIRE AGUS AS ÈIFEACHDAICHE GUS ATHARRACHADH A DHÈANAMH.

- **Thoiribh a-steach siostam tomhais, sgrùdaidh agus targaidheachaidh.**  
Ma nì sibh tomhas fa leth air sgudal truinnsair, sgudal ullachaidh agus milleadh, gheibh sibh tuigse air dè an sgudal a bu chòir dèiligeadh ris, gus a' bhuidheas as motha fhaighinn.
- **Stiùireadh stoc.**  
Le bhith a' ceangal òrdachadh stoc ris an t-siostam EPOS agaibh dh'fhaodadh sin cuideachadh le bhith a' cumail sùil nas fheàrr air grìtheidean a' chlàir-bìdh, a' lughdachadh a' chunnart gun tèid cus òrdachadh. Co-dhiù tha e air pàipear no air òrdachadh air-loidhne, dèanaibh cinnteach gu bheil siostam òrdachaidh stoc foirmeil aig an sgioba cidsin agaibh.
- **Conaltradh.**  
Is urrainn barrachd mothachaidh air pròiseasan cidsin, cosgais nan grìtheidean agus aonachd an sgioba piseach a thoirt air coileanadh an sgioba.
- **Trèanadh luchd-obrach.**  
Cleachd bhideothan, treòrachadh agus ionnsachadh co-leithid gus luchd-obrach a chumail an sàs - [zerowastescotland.org.uk/resources/waste-scotland-regulations](http://zerowastescotland.org.uk/resources/waste-scotland-regulations)

## IS URRAINN TEICNEÒLAS CIDSIN CUIDEACHADH GUS SGUDAL BÌDH A LÙGHdachadh.

- **Aonadan sioltachaidh ola còcaireachd -**  
Tha siostaman sioltachaidh ola nan innealan feumail a chuireas ri cho fada a mhaireas ur cuid ola praidhligidh gun a bhith a' lughdachadh càileachd, a' fàgail nach bi agaibh ris an ola agaibh atharrachadh cho tric, ga dhèanamh nas saoire dhan ghniomhachas agaibh agus nas fheàrr dhan àrainneachd.
- **Sgrùdadh Sgudail Fèin-obrachail -**  
Mas e taigh-bìdh mòr no companaidh seirbheis bìdh a th' annaibh, is e teicneòlas riaghlaidh sgudail le taic AI aon de na h-ùr-ghnàthachaidhean as ùire a chuidicheas le bhith a' tomhas agus a' sgrùdadh an sgudail bìdh a nì sibh.
- **Innealan pacaidh bhacuum -**  
Le bhith a' pasgadh grìtheidean le bhacuum, mairidh iad nas fhaide, leis gu bheil toirt air falbh ocsaidean a' cuideachadh le bhith a' cumail nithean nas ùire nas fhaide. A bharrachd air sin, le bhith a' cur grìtheidean ann am bagaichean bhacuum de dh'aon chuibhreann an urra, cumaidh sin smachd nas fheàrr air meud chuibhreannan, a' lughdachadh a' chunnart gum fàs cuibhreannan nas motha, gu sònraichte aig amannan seirbheis trang.



# NA RIATANASAN LAGHAIL

Tha grunn riatanasan laghail ann gus nach tèid saill, ola, geir agus biadh a tha air fhàgail a-steach do dhrèanaichean is saidhbhearan. Mura gèill sibh ri sin, dh'fhaodte gun tèid casaid a chur às ur leth.

## **ACHD ÒTRACHAIS (ALBA) 1968.**

Tha e na eucoir fo earrann 46 de dh'Achd Òtrachais (Alba) 1968 rud sam bith a chur a-steach do na saidhbhearan poblach, no do dhrèana ceangailte ris an t-saidhbhear phoblach a dh'fhaodadh bacadh a chur air sruthadh saor uisge-caithte. Tha e cuideachd na eucoir saill, ola no geir a chur a-steach do na saidhbhearan poblach, no do dhrèana ceangailte ris an t-saidhbhear phoblach. Faodaidh Uisge na h-Alba, cosgaisean sam bith a thig air gu reusanta ann a bhith a' sgrùdadh no a' dèiligeadh ris a' chron, bacadh no briseadh air seirbheis fhaighinn air ais bhon t-sealbhadair no neach-còmhnaidh. Ma gheibh Uisge na h-Alba a-mach gu bheil rudan mì-iomchaidh a' dol a-steach dhan drèana, faodaidh iad casaid a thogail an aghaidh an neach air a bheil uallach. Ma thèid casaid a thogail às ur leth, dh'fhaodte gun tèid càin no fiù 's binn prìosan a chur oirbh.

## **ACHD NA SÀBHAILTEACHD BIDHE 1990.**

Tha ùghdarras aig Ùghdarrasan Ionadail togalaichean a sgrùdadh fo Achd na Sàbhailteachd Bidh 1990. Ma bhios trioblaidean ann mar thoradh air saill, olaichean is geir ann an drèanaichean, a dh'adhbharaicheas neo-ghèilleadh ri Riaghailtean Slàinteachas Bidhe, dh'fhaodte gun tèid casaid a thogail no gun tèid òrdugh toirmisg èiginneach a dhèanamh a' cur casg air a bhith a' ruith gnìomhachas san togalach.

## ACHD DÌON NA H-ÀRAINNEACHD 1990.

### 1 Dleastanas cùraim.

Feumaidh a h-uile gnìomhachas a tha a' cur air dòigh cruinneachadh agus toirt air falbh sgudal (leithid ola is sail còcaireachd) cumail ri riathanasan Earrann 34 de dh'Àchd Dìon na h-Àrainneachd 1990 agus Riaghailtean Dìon Àrainneachdail (Dleastanas Cùraim) (Alba) 2014. Is e an t-amas aig an Dleastanas Cùraim dèanamh cinnteach gu bheil an sgudal uile air a riaghladh gu ceart bhon àite a thèid a dhèanamh gus am faighear cuidhteas e mu dheireadh. Feumaidh an neach a nì an sgudal dèanamh cinnteach gu bheil an neach-cruinneachaidh air a cheadachadh le SEPA agus clàr a chumail de na cruinneachaidhean gu lèir. Faodaidh an t-Oifigear Slàinte Àrainneachdail ionadail agaibh 'Fiosan Reachdail' a chur a-mach ag iarraidh gun tèid a h-uile sgrìobhainn co-cheangailte ri toirt air falbh sgudal coimeirsealta a shealltainn dhaibh. Mur a gèill sibh, dh'fhaodte gun tèid càin a chur oirbh.

### 2 Gràine Reachdail (Statutory Nuisance).

Dèiligidh roinn Slàinte Àrainneachdail an Ùghdarras Ionadail ri gearanan sam bith a thaobh 'gràine reachdail', leithid fàilidhean, òtrachas agus cus sgudal a bhith ann. Fo Phàirt III de dh'Àchd Dìon na h-Àrainneachd 1990, tha cumhachdan aca cuingeachaidhean a chur air dòigh no gnìomhachas a dhùnadh ma lorgas iad adhbhar iomchaidh.

### ACHD TOGAIL (ALBA) 2003.

Tha Clàr 1 de dh'Àchd Togail (Alba) 2003 a' leigeil le Ùghdarras Ionadail òrdachadh gun tèid rudan a thoirt seachad no a dhèanamh co-cheangailte ri drèanadh bho thogalaichean. Faodaidh seo a bhith a' gabhail a-steach a bhith ag ràdh gum feumar uidheamachd glacaidh geir a chur a-steach.

### RIAGHAILTEAN FRITH-THORAIIDHEAN AINMHIDHEAN (ALBA) 2003 EC 1774/2002 (ABPR).

Chan fhaodar ola còcaireachd sgudail bho ionadan bìdh a chleachdadh ann am biadh bheathaichean tuilleadh. Tha seo ann gus an t-sèine bìdh a dhìon. Feumar ola còcaireachd sgudail a chruinneachadh tro neach-giùlain sgudail ceadichte.

### NA RIAGHAILTEAN TOGAIL, BUN-INBHE 3.7A.

Bu chòir goireasan drèanaidh aig cidsinean coimeirsealta a bhith a' gabhail a-steach uidheamachd gus ola, saill agus geir a thoirt às agus a thoirt air falbh, agus feumaidh dealaicheadairean geir a bhith air an togail agus air an cur a-steach a rèir BS EN 1825-2: 2002. Chan eilear a' moladh eiblichearan (emulsifiers) a chleachdadh gus ola no geir sam bith san drèana a bhriseadh sìos.

# CHO CUDROMACH 'S A THA RIANACHD SAILL, OLA IS GEIR



Mura cumar no mura faighear cuidhteas ola mar as coir, dh'fhaodte gun tachair na leanas:

- Dòrtadh agus truailleadh taobh a-staigh ur gnìomhachas, no air cabhsairean agus rathaidean timcheall air ur gnìomhachas.
- Bacaidhean adhbharachadh ann an drèanaichean agus saidhbhearan.
- Truailleadh chùrsaichean uisge adhbharachadh.
- A bhith a' tarraing bheathaichean is biastagan.
- Buaidh a thoirt air buill a' phobail.
- Gum bi feum air obair glanaidh cosgail.



## An robh fhios agaibh?

Chan eil a bhith faighinn cuidhteas saill, ola is geir san dòigh cheàrr dìreach ag adhbharachadh bacaidhean ann an drèanaichean is saidhbhearan.

# DÈ NA RIAGHAILTEAN?

## RIAGHAILTEAN SGUDAIL (ALBA) 2012.

Tha dleastanasan reachdail sònraichte aig gnìomhachasan fo na riaghailtean seo:

- Mas e gnìomhachas bìdh a th' annaibh agus ma nì sibh còrr is 5kg de sgudal bìdh gach seachdain, feumaidh sibh a chur a-mach airson cruinneachadh fa leth.
- Tha seo an sàs airson sgìrean bailtean air an sònrachadh, gheibhear barrachd fiosrachaidh aig Riaghailtean Sgudal (Alba) | Zero Waste Scotland. [zerowastescotland.org.uk/resources/waste-scotland-regulations](http://zerowastescotland.org.uk/resources/waste-scotland-regulations)
- Chan eil seo a' gabhail a-steach: Gnìomhachasan a bhios dìreach ag ullachadh agus a' reic deochan. Faodar dèiligeadh ri sgudal bìdh cruaidh agus saill tro chruinneachaidhean sgudail bìdh. Bu chòir ola sgudail lionnach a chruinneachadh fa leth cuideachd.

## REACHDAS SÀBHAILTEACHD BÌDH.

A rèir reachdas sàbhailteachd bìdh, feumaidh structaran agus àirneis/acainn a bhith:

- Air an cumail glan daonna
- Air an cumail ann an deagh òrdugh daonna



Airson Zero Waste Scotland sganach an còd QR



Airson leabhar-làimhe CookSafe sganach an còd QR




### An robh fhios agaibh?

Feumaidh fiosrachadh mu na siostaman glanaidh is obair-ghlèidhidh agaibh a bhith air a shònrachadh taobh a-staigh ùr riaghailtean-taighe CookSafe.



### An robh fhios agaibh?

Ann an Alba, tha e mi-laghail a bhith a' faighinn cuidhteas de sgudal bìdh ann an drèanaichean no saidhbhearann poblach?



## BARRACHD FIOSRACHAIDH



Gus barrachd lethbhreacan den bhileig seo no postairean airson ur cidsin a luchdadh a-nuas, sganach an còd QR no rach gu:

[ScottishWater.co.uk/Help-and-Resources/  
Document-Hub/Your-Home/Nature-Calls](https://www.scottishwater.co.uk/Help-and-Resources/Document-Hub/Your-Home/Nature-Calls)



# LUCHD-FIOS CUDROMACH



Zero Waste Scotland  
t: 01786 433930  
[zerowastescotland.org.uk](http://zerowastescotland.org.uk)



Scottish Water  
t: 0800 0778 778  
[scottishwater.co.uk](http://scottishwater.co.uk)

# COMHAIRLE AGUS TAIC DO GHNÌOMHACHAS



SEPA  
t: 0300 099 6699  
[sepa.org.uk/contact](http://sepa.org.uk/contact)



Food Standards Agency  
[foodstandards.gov.scot](http://foodstandards.gov.scot)



**Scottish  
Water**

Trusted to serve Scotland